



GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Tha Ministearan na h-Alba a' sireadh thagraidhean airson na dreuchdan Cathraiche agus Buill den Bhòrd-stiùiridh aig Bòrd na Gàidhlig

Cò sinn?

Is sinne Bòrd na Gàidhlig, am buidheann nàiseanta airson na Gàidhlig – Buidheann-gnìomh Neo-roinneil Poblach (NDPB) stèidhichte fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha uallach oirnn airson seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd tro bhith lìbhrigeadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23, far a bheil ar n-amasan airson gnìomhan a leasachadh agus a chur air adhart airson taic a chumail ris a' Ghàidhlig.

Cò tha sinn a' sireadh?

Tha sinn a' sireadh suas ri triùir Bhall airson ar Bòrd stiùiridh. Chithear na sgilean, eòlas-obrach agus feartan pearsanta a tha sinn a' sireadh sa Phasgan Tagraidh agus ma tha sibh a' faireachdainn gu bheil iad seo agaibh, nach cuiribh tagradh thugainn!

Ball den Bhòrd

Tha sinn a' sireadh triùir Bhall a bharrachd airson a' Bhùird le eòlas air Atharrachadh Riaghlaidh; Riaghladh Corporra agus tuigse air thar-shealladh ionmhais; Sgilean Conaltraidh Corporra; Dealbhadair Ro-innleachdail; a tha comasach air co-obrachadh; agus a tha comasach air luach eagrachaidh a chruthachadh tro dhùbhlach cuideachail.

Dè bhios agam ri dhèanamh?

'S e àm brosnachail agus dùbhlach a th' ann a bhith an sàs ann an adhartachadh na Gàidhlig ann an Alba agus gu sònraichte obair Bhòrd na Gàidhlig. 'S e cothrom dùbhlach is luachmhor a tha seo airson triùir a thighinn còmhla ruinn:

- cuideachadh gus cleachdadh agus tuigse a chur air adhart mu dheidhinn cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig;
- a bhith nar prìomh chomhairlichean do Mhinistearan na h-Alba mu dheidhinn cànan, foghlam agus cultar na Gàidhlig;
- comhairle a thoirt do bhuidhnean poblach, agus buidhnean eile le dleastanas airson seirbhisean poblach a lìbhrigeadh, air mar a tha còir aca cànan,

foghlam agus cultar na Gàidhlig a chleachdadh ann a bhith a' libhrigeadh sheirbhisean poblach;

- taic agus stiùireadh aig àrd-ìre a thoirt don Cheannard mu leasachadh proifeiseanta leantainneach;
- càirdeas agus dàimh obrach làidir a chruthachadh le buidhnean Gàidhlig, coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd (coimhearsnachdan le ùidh agus coimhearsnachdan cruinn-eòlach), agus iomadh buidheann eile airson deagh cho-obrachadh a' libhrigeadh amasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig.

Càite?

Tha coinneamhan a' Bhùird agus de na Comataidhean air an cumail air-loidhne an-dràsta agus tha iad poblach. Bidh cothrom aig Buill a' Bhùird a bhith an làthair aig coinneamhan cha mhòr bho dhiofar àiteachan air feadh Alba agus thèid seo a thabhann san àm ri teachd.

Pàigheadh?

Aig an àm seo tha Ball den Bhòrd a' faighinn £6,984 gach bliadhna. Tha seo stèidhichte air ìre làitheil de £194 airson dleastanas de 3 latha sa mhìos (36 latha sa bhliadhna). Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air na tuarastalan seo gach bliadhna.

Cuin?

'S e an ceann-latha airson tagraidhean **meadhan-oidhche Dihaoine 18 Dùbhlachd 2020**.

Thèid agallamhan a chumail air **Diciadain 27, Diardaoin 28 agus Dihaoine 29 Faoilleach 2021**.

Tòisichidh na dreuchdan bho 1 Giblean 2021.

Ciamar a chuireas mi tagradh thugaibh?

Gheibhear pasgan tagraidh agus fiosrachadh mionaideach mu na dreuchdan seo agus dreuchdan poblach eile air làrach-lìn nan dreuchdan poblach aig www.appointed-for-scotland.org.

Tha sinn a' cur luach mòr air diofar bheachdan agus eòlasan a bhith aig ar Bòrd stiùiridh. Mar sin, tha Ministearan na h-Alba a' cur fàilte air tagraidhean bho bhuidhnean nach eil an-dràsta air an riochdachadh gu cothromach air buidhnean poblach na h-Alba, mar eisimpleir boireannaich, ciorramaich agus feadhainn a tha fo aois 50. Ma lìonas sibh ar foirm measaidh, cuidichidh seo sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseas nan tagraidhean fosgailte dhan h-uile duine.

Tha e deatamach gum bi dreuchdan poblach ruigsinneach agus tha am pròiseas airson dreuchdan poblach a' tabhann co-ionannachd cothromach dhan a h-uile tagraiche. Gabhaidh Riaghaltas na h-Alba fa-near do dh'atharrachaidhean reusanta a thaobh ciorramachdan a thèid iarraidh le tagraiche sam bith airson an cuideachadh

gus an comasan a shealltainn agus gus pàirt a ghabhail sa phròiseas taghaibh. Ma tha feum agaibh air fiosrachadh sam bith bhon phasgan fiosrachaidh ann an dòigh eile, cuiribh fios gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach air (Fòn an-asgaidh) 0300 244 1898 neo aig public.appointments@gov.scot.

Faodar foirmean tagraidh fhaighinn sa Ghàidhlig bhon làrach-lìn neo le bhith gan iarraidh bhuainn.

Fastadh tro airidheachd; a' gealltainn iomadachd agus co-ionannachd.

